



Facal-toisich

Tha sinne, 's e sin riaghaltasan fo ìre nàisein, bailtean mòra agus ùghdarrasan ionadail – mar chom-pàrtichean ann am Pròiseas Dhùn Èideann airson Riaghaltasan Fo Ìre Nàisein is Ionadail air leasachadh frèam bith-iomadach na cruinne an dèidh 2020 agus le taic na Rùnaireachd agus cuid de Phàrtaidhean a bha an cois a' Chunnraidh air Bith-iomadachd – **air leth draghail** mun bhuaidh mhòr an cois call bith-iomadachd agus atharrachadh na gnàth-shìde air ar bith-beò agus ar coimhairsnachdan. Chì sinn mar-thà a' bhuaidh air an àrainneachd, a' bhun-structar, an eaonamaidh, air slàinte is sunnd is air an tlachd a gheibh sinn à nàdar. Tha lèir-sgaoileadh COVID-19 air cur nar cuimhne cho cudromach is a tha e a bhith a' tighinn beò ann an co-chòrdadh le nàdar. Tha bith-iomadachd fhallainn is na seirbheisean eag-shiostaim na cois riatanach airson ar slàinte is airson seasmhachd nam bailtean mòra is nan sgìrean againn, tron lèir-sgaoileadh agus às a dhèidh, agus bu chòir gum bi iad aig teis-meadhan an t-slànachaidh againn.

Tha sinn **draghail** nach deach gin den 20 Targaid Bith-iomadachd Aichi a choileanadh agus a chaithd mìneachadh sa chòigeamh eagran de Global Biodiversity Outlook; cha chuir an gnìomh fhèin le Partaidhean CBD sinn air slighe gu ruige lèirsinn 2050 is sinn “a' tighinn beò an co-chòrdadh le nàdar” no airson Amasan Leasachaidd Sheasmhach nan Nàiseanan Aonaichte (SGD) a choileanadh; agus tha co-aomadh thar aontaidhean àrainneachd ioma-thaobhach (MEA) gan leasachadh aig ìre ro shlaodach.

Tha sinn **ag aithneachadh** gu bheil Aithisg Sgrùdaidh IPBES air Bith-iomadach is Seirbheisean Eag-shiostaim a' co-dhùnadadh nach eil e tuilleadh is anmoch a thaobb na gnàth-shìde no bith-iomadachd, a dh'aindeoin cion gnìomh, ach gu bheil gnìomh tur-atharrachaidh a dhìth aig a h-uile ìre.

Tha sinn **ag aithneachadh** gu bheil feum air tur-atharrachadh thar eag-shiostaman talmhaidh is mara agus thar leasachadh bailteil is gach roinn tairbheach airson tèarainteachd bidhe, slàinte is dreuchdan seasmhach a dhòn is sinn a' seachnad no a' lùghdachadh droch bhuaidh air bith-iomadachd. Agus tha sinn ag aithneachadh gu bheil daoine dùthchasach is coimhairsnachdan ionadail cudromach airson an cuid fearainn a stiùireadh tro àbhaisteachadh bith-iomadachd èifeachdach thar gach roinn.

Tha sinn a' **toirt fa-near** gum feum sinn fuasglaidhean poileasaidh, riaghachais is ionmhais a leasachadh aig gach ìre riaghaltais agus airson in-fhilleadh dìreach a dhearbhadh aig ìrean nàisein, fo ìre nàisein, baile mòr is ionadail airson tur-atharrachadh adhbharachadh. Bu chòir gum freagair seo ri adhbharan dìreach is neo-dhìreach air cùl call bith-iomadachd agus gun tèid gach taobh de leasachadh seasmhach (àrainneachail, eaconamach, cultarail is sòisealta) fhilleadh le chèile.

Tha sinn a' **toirt fa-near** cuideachd do dhaoine dùthchasach is coimhearsnachdan ionadail, boireannaich is òigridh, buidhnean neo-riaghaltais is don mhòr-shluagh nas fharsainge is mar a tha iad an sàs ann an co-dhùnaidhean aig ìrean fo ìre nàisein, baile mòr is ionadail agus gum bu chòir gum bi dòigh-obrach làn chom-pàirteach ann gus an gabh na buidhnean seo pàirt ann.

Tha sinn a' **sònráchadh** prìomh dhleastanas na roinn prìobhaidich agus an roinn ionmhais agus **gam brosnachadh** gu tur-atharrachadh adhbharachadh tro chom-pàirteachadh iomlan, gnìomhach is càramach mar thaic ri linn glèidh teachas bith-iomadachd, ath-bheothachadh eag-shiostaman is cleachdadh seasmhach.

Tha sinn a' **cur beum** air prìomh dhleastanas nan riaghaltasan fo ìre nàisein, nam bailtean mòra is nan ùghdarrasan ionadail a tha iad a' coileanadh mar-thà agus iad a' dòn is a' neartachadh bith-iomadachd is a' libhrigeadh ghnìomhan dealbhaidh, buileachaидh is sgrùdaidh.

Tha sinn a' **cur fàilte** air aonta a' Phlana Ghníomh air Riaghaltasan Fo Ìre Nàisein, Bailtean Mòra is Ùghdarrasan Ionadail Eile airson Bith-iomadachd (2011-2020) fo Cho-dhùnad X/22 agus **ag aithneachadh** mar a tha seo air cur gu gnìomhach sna deich bliadhna a dh'fhalbh ri ghnìomhan riaghaltais fo ìre nàisein, bhailtean mòra is ùghdarrasan ionadail is gam piobrachadh gu stèidheachadh amasan a' Chunnraidh; agus air barrachd aithne a neartachadh air an dleastanas riatanach againn an lùib a' Chunnraidh air Bith-iomadachd.

Tha sinn a' **moladh** nan geallaidhean is nan aithrisean le riaghaltasan fo ìre nàisein, bailtean mòra is ùghdarrasan ionadail agus aithrisean-rùin o chionn ghoirid nam measg [1][2], agus gu h-àraid nan toraidhean tro bhulean na 5mh is na 6mh Àrd-choinneimh Bith-iomadachd na Cruinne de Bhailtean Mòra is Riaghaltasan Fo Ìre Nàisein - Communique Quintana Roo air Àbhaisteachadh Bith-iomadachd Ionadail is Fo Ìre Nàisein (2016) agus Communique Sharm El-Sheikh airson Gníomh Ionadail is Fo Ìre Nàisein do Nàdar is do Dhaoine (2018).

Tha sinn **ag aithneachadh** gum feumar togail air a' Phlana Ghniomh fo Cho-dhùnadadh X/22, agus dòigh tagrachd nan riaghaltasan fo ìre nàisein, nam bailtean mòra is nan ùghdarrasan ionadail sna deich bliadhna a dh'fhalbh agus **gun geall sinn mar aon** gun toir sinn ar cuid amasan is gnìomh am meud sna deich bliadhna ri teachd.

[\[1\] Aburra Valley – Medellin Declaration of Metropolitan Areas to the post-2020 global biodiversity framework \(2019\)](#)

[\[2\] Carta de São Paulo - BIO2020 – Brazilian Perspectives for the Post-2020 Global Biodiversity Framework \(2020\)](#)

Leasachadh frèam-obrach bith-iomadachd na cruinne an dèidh 2020

Tha sinn **a' cur fàilte** air leasachadh frèam-obrach bith-iomadachd na cruinne an dèidh 2020 an cois thargaidean SMART (*Specific, Measurable, Achievable, Relevant, Time-bound* sa Bheurla) a tha soilleir agus frèam sgrùdaidh a tha fillte ann.

Tha sinn **a' toirt taing** do Cho-chathraichean na Buidhne-obrach Gun Chrìoch air frèam-obrach bith-iomadachd na cruinne an dèidh 2020 airson an dòigh-obrach chom-pàirtich; agus tha sinn **a' cur fàilte** air an dòigh-obrach 'riaghaltais gu lèir' an cois an fhrèam-obrach anns a bheil prionnsabalan riaghlaidh thar gach ìre riaghaltais aig ìrean riaghaltasan fo ìre nàisein, bhailtean mòra is ùghdarrasan ionadail.

Tha ar cuid **taic** do lèirsinn 2050 "a' tighinn beò ann an co-chòrdadh le nàdar" a' leantainn agus tha sinn deiseil is deònach gu cur ri oidhisp a bheir buaidh ionadail is air feadh an domhain agus gu susbainteach ris na h-amasan fad-ùine.

Tha sinn **a' cumail ri amas co-roinnte** Misean 2030 mar a chaidh cur an cèill ann an Dreach Zero den fhrèam-obrach air bith-iomadachd na cruinne an dèidh 2020, 'Gun cuirear gnìomh èiginneach an sàs airson bith-iomadachd a chur air slighe slànachaидh airson math na cruinne is nan daoine.' Tha seo ag adhbharachadh slighe shoilleir a dh'ionnsaigh Lèirsinn 2050 agus a' freagairt ri amas nan riaghaltasan fo ìre nàisein, nam bailtean mòra is nan ùghdarrasan ionadail is iad fhèin a' freagairt nan dùbhlanan as èiginniche a leithid atharrachadh na gnàth-shìde, isleachadh chunnartan an cois mhòr-thubaistean, slàinte is lasachadh bochdainn cho math ri bith-iomadachd.

Dealas airson frèam bith-iomadachd na cruinne an dèidh 2020

Leanaidh riaghaltasan fo ìre nàisein, bailtean mòra is ùghdarrasan ionadail orra a' togail air na h-oidhirpean againn is a' lìbhrigeadh ghnìomhan atharrachaид agus sinn:

- ag aithneachadh luach iomlan nàdair agus ga fhilleadh a-steach an lùib dhòighean dealbhaidh, stiùiridh is riaghachais
- a' cur an sàs ghnìomhan iomchaidh a tha a' lìbhrigeadh amasan iomchaidh is targaidean gnìomh bith-iomadachd na cruinne an dèidh 2020
- a' co-thaobhadh ro-innleachdan is ghnìomhan bith-iomadachd agus oidhirpean sgrùdaidh is aithris a rèir Ro-innleachdan is Planaichean-gnìomh Bith-iomadachd Nàiseanta (MBSAP) agus a rèir nan comasan againn aig ìre fo ìre nàisein, baile mòr is ionadail
- a' toirt sgaoileadh ghoireasan airson bith-iomadachd a mhaoineachadh am meud aig ìre fo ìre nàisein, baile mòr is ionadail agus a' toirt seachad brosnachadh airson builean fàbharach a dhearbhadh
- a' dèanamh bith-iomadachd àbhaisteach thar roinnean poblach, priòbhaideach is gnìomhachais airson barrachd dòn àrainneachail, sòisealta is eaonamach a chur an sàs
- a' conaltradh, a' toirt seachad eòlas is a' togail aire an t-sluagh agus a' dèanamh oidhirpean sònraichte airson eòlas a sgaoileadh ann an grunn chànanan
- a' neartachadh chomasan airson fuasglaidhean nàdarra (NBS) agus bun-structar uaine is gorm a chur an sàs, gu h-àraid tro dhòighean eag-shiostaim is airson cur ri slànachadh uaine an dèidh COVID-19
- a' toirt seachad chothroman airson eòlas a cho-roinn thar ìrean fo ìre nàisein, bhailtean mòra is ionadail agus eadar gach roinn den chomann-shòisealta

- a' co-roinn shàr dhòighean-obrach thar ìrean fo ìre nàisein, bhaltean mòra is ionadail airson gnìomhan tur-atharrachaидh a chur an sàs gu h-èifeachdach
- a' lìbhrigeadh co-aomadh le aontaidhean is pròiseasan eadar-riaghais eile agus ag adhartachadh ghnìomhan meanmnach is ùr-ghnàthach aig ìrean fo ìre nàisein, bhaltean mòra is ionadail às an tig builean a bhios nam buannachd do gach partaidh

Gairm gnìomh

Tha sinne, na riaghaltasan fo ìre nàisein, bhaltean mòra is ùghdarrasan ionadail a' gairm is **ag iarraidh air** Partaidhean a' Chunnraídh air Bith-iomadachd gun dèan iad na leanas;

1. Gun cuir iad gnìomhan làidir is meanmnach an sàs airson tur-atharrachaيدh a thoirt gu buil, mar a chaithd mìneachadh ann an aithisg sgrùdaidh chruinneil IPBES, airson stad a chur air call bith-iomadachd.
2. Gun aithnich iad an dleastanas riatanach aig riaghaltasan fo ìre nàisein, bhaltean mòra is ùghdarrasan ionadail airson lèirsinn 2050 de fhrèam bith-iomadachd na cruinne an dèidh 2050 a thoirt gu buil, agus misean 2030 mar a chaithd mìneachadh san sgrìobhainn Dreach Zero; agus gus an tèid an t-aithneachadh a chur an cèill gu soilleir air feadh teacsa an fhrèam, a leithid sgrùdaidhean an fhrèama airson amasan is thargaidean.
3. Gun cuirear taic ri cur an sàs COP15, agus Co-dhùnadhl ùr airson barrachd com-pàirteachaidh le riaghaltasan fo ìre nàisein, bhaltean mòra is ùghdarrasan ionadail an cois frèam bith-iomadachd na cruinne an dèidh 2020; gun togar air is gun tèid am Plana Gnìomh air Riaghaltasan Fo Ìre Nàisein, Bailtean Mòra is Ùghdarrasan Ionadail airson Bith-iomadachd (2011-2020) mar a chaithd aontachadh a rèir Co-dhùnadhl X/22 ùrachadh; agus gun tèid amasan airson frèam bith-iomadachd na cruinne an dèidh 2020 a chur an sàs aig ìrean fo ìre nàisein.
4. Gun tèid ùrlar ioma-buidheann-ùidh a stèidheachadh airson riochdachadh le riaghaltasan fo ìre nàisein, bhaltean mòra is ùghdarrasan ionadail a dhearbhadh gus taic a chumail ri stèidheachadh frèam bith-iomadachd na cruinne an dèidh 2020.

Tha sinne, na riaghaltasan fo ìre nàisein, bailtean mòra is ùghdarrasan ionadail, deiseil gus freagairt, cuide ri Partaidhean, ris na dùbhlanan an cois lìbhrigeadh frèam bith-iomadachd na cruinne an dèidh 2020 airson maoineachadh a dhearbhadh agus dleastanasan nas cudromaiche a ghabhail os làimh a' stèidheachadh an fhrèam tro Phlana Gnìomh ùr is nas treasa do riaghaltasan fo ìre nàisein, bailtean mòra is ùghdarrasan ionadail sna deich bliadhna a tha romhainn.

Luchd-soidhnidh

Roseanna NicCoineagain, BPA

Rùnaire Caibineit airson na h-Àrainneachd, Atharrachadh na Gnàth-shìde

agus Ath-leasachadh Fearainn

Às leth Riaghaltas na h-Alba

Lesley Griffiths AS/MS

Gweinidog yr Amgylchedd, Ynni a Materion Gwledig

Ministear na h-Àrainneachd, Cumhachd is Chùisean Dùthchail

Às leth Riaghaltas na Cuimrigh

Ashok Sridharan

Ceann-suidhe ICLEI

Às leth ICLEI – Riaghaltasan Ionadail airson Seasmhachd

Cheryl Jones Fur

Leas-àrd-mhèar Växjö, An t-Suain

Às leth ICLEI na Roinn Eòrpa

Elena Moreno

Ceann-suidhe Regions4

Leas-mhiniestear na h-Àrainneachd, Dùthaich nam Basgach

Às leth Regions4 Sustainable Development

Benoit Charette

Ministre de l'Environnement et de la Lutte

contre les changements climatiques

Às leth Gouvernement du Québec

Hideaki Ohmura

Riaghladair Maorsainneachd Aichi

Às leth Buidheann de Phriomh Riaghaltasan Fo Ìre Nàisein a dh'ionnsaigh

Thargaidean Bith-iomadach Aichi (GoLS)

Ga mheas
Às leth Comataidh Eòrpach nan Roinnean

Le taic:

Francesca Osowska
Àrd-oifigear
Às leth NatureScot

Simon Milne MBE
Glèidheadair Regius
Às leth Gàrradh Rìoghail Luibh-eòlais Dhùn Èideann

Mar a chuirear ainm ris a' Ghairm

Tha sinn a' cur fàilte mhòr air com-pàirteachadh nan riaghaltasan fo ìre nàisein, nam bailtean mòra is nan ùghdarrasan ionadail air feadh an t-saoghal a tha a' cur ainm ri Gairm Dhùn Èideann; agus tha sinn an seo a' cur an cèill ar cuid dealais airson gnìomhan tur-atharrachaidh a chur an sàs airson amasan is targaidean frèam bith-iomadachd na cruinne an dèidh 2020 a thoirt gu buil.

A thuilleadh air seo, thathar ag aithneachadh dleastanasan nam buidhnean neo-riaghaltais is gnìomhachais a tha ag adhartachadh ghnìomhan ionadail nàdair agus tha sinn a' cur fàilte air taic nam buidhnean sin a thaobh prionnsapalan Gairm Dhùn Èideann.

'S iad Partaidhean a' Chunnraiddh a tha an urra ri targaidean na cruinne an cois an fhrèam an dèidh 2020 a thoirt gu buil. Feumaidh gach ìre de riaghaltas is den chomann-shòisealta co-obrachadh ann an dòigh nas èifeachdaiche sna deich bliadhna ri teachd gus an toirear tur-atharrachadh nàdair gu buil agus mar sin dheth, tha sinn a' cur fàilte mhòr air Partaidh Stàit sam bith don Chunnradh a dh'aithnicheas - tro Ghairm Dhùn Èideann – dleastanasan fo ìre nàisein an cois frèam-obrach bith-iomadachd na cruinne an dèidh 2020.

Thèid gach partaidh a tha an dùil ainm a chur ris a' ghairm a dhearbhadh agus a shònachadh san roinn cheart seo:

- i) Riochdaire buidhne fo ìre nàisein, baile mòr, ùghdarras ionadail – m.e. Ministear, riaghladar, mèar, ceannard roinne, ceannard lìonra baile mòr, is eile.

<https://www.gov.scot/publications/edinburgh-declaration-on-post-2020-biodiversity-framework/>

ii) Neach-taic Partaidh Stàit – m.e. Ministear, ceannard roinne, is eile taobh a-staigh riaghaltas stàit thaiceil.

iii) Buidheann-taic eile – m.e. buidheann neo-riaghaltais no gnìomhachais. Bu chòir do luchd-soidhnidh iarrtas a chur gu;

enquiries-subnationalworkshop@gov.scot, agus **ED Signature** sgrìobhte san loidhne chuspair.

Bhiodh e na thaic sa phròiseas dhearbhaidh nam b' urrainnear seòladh puist-d oifigeil/buidhne a chleachdadadh (gun a bhith a' cleachdadadh seòladh pearsanta). Cuir na leanas ann:

- ainm
- buidheann
- post/dreuchd sa bhuidhinn
- ìre riochdachaidh (m.e. fo ìre nàisein, roinn, baile mòr, ùghdarris ionadail)
- dùthaich
- roinn soidhnidh a rèir (i) - (iii) gu h-àrd

Eisimpleir:

Ainm	Frederica Gonzales
Seòladh puist-d	F.Gonzales@madrid-council.es
Post sa bhuidhinn	Ceannard Comhairle na h-Àrainneachd is Nàdair
Buidheann	Comhairle Mhàdrìd
Ìre riochdachaidh	Baile mòr
Dùthaich	An Spàinn
Roinn soidhnidh	Riochdaire fo ìre nàisein, baile mòr, ùghdarris ionadail

Bu chòir fianais bhon ùghdarris a cheangal ris an iarrtas puist-d nuair a thathar a' soidhneadh mar riochdaire no oifigeach, m.e. lethbhreac de litir le suaicheantas an ùghdarrais le ainm-sgrìobhte an riochdaire no an oifigich.